



Dè th' ann an Gàidhlig is Conaltradh?

'S **cùrsa dian, bogaidh** a th' ann an Gàidhlig is Conaltradh, anns a' chiad bhliadhna dhe na ceumannan againn aig a' Cholaiste.

An dèidh Ghàidhlig is Conaltradh, thèid ar n-oileanaich air adhart gu ceumannan aig a' Cholaiste ann an teagasg, ceòl traidiseanta, cànan is cultar no leasachadh. Air neo, faodaidh oileanaich iarrtas a chur a-steach do chùrsa nam meadhanan againn, no ma tha ceum oilthighe aca mar tha, dhan chùrsa PGDE againn.

A thuilleadh air na h-oileanaich cheuma againn, gach bliadhna nì grunn mòr oileanach Gàidhlig is Conaltradh mar **chùrsa bogaidh fa-leth**, an dà chuid ro cheum no an dèidh ceum aig oilthigh eile, gus a' Ghàidhlig aca a leasachadh.

'S e amas a' chùrsa seo ar n-oileanaich ullachadh gu bhith a' dèanamh ceum oilthigh tro mheadhan na Gàidhlig agus an cuideachadh le bhith a' toirt nan sgilean Gàidhlig aca chun na h-ìre as àirde. Bidh ar n-oileanaich ann an clas suas ri fichead uair a thìde gach seachdain, ag obair air a h-uile eileamaid dhen chànain.

Anns a' chùrsa seo, sgrùdaidh oileanaich gràmar na Gàidhlig ann an doimhneachd; leughaidh iad seachd nobhailean nuadh Gàidhlig maille ri àireamh de sgeulachdan goirid agus de phìosan bàrdachd anns a' Ghàidhlig; leughaidh agus sgrùdaidh iad sgrìobhadh acadaimigeach Gàidhlig; ullaichidh iad agus libhrigidh iad taisbeanaidhean clas sa Ghàidhlig; gabhaidh iad pàirt ann an clasaichean seimineir sa Ghàidhlig air litreachas agus cultar na Gàidhlig; cuiridh iad dà thionnsgnadh leasachaidh chànain air dòigh air àrainn na Colaiste; agus sgrìobhaidh iad aistean, sgeulachdan goirid agus òrain sa Ghàidhlig.

Ach nas cudromaich buileach, air a' chùrsa seo, bidh cothrom aig na h-oileanaich tighinn **beò anns a' Ghàidhlig** agus pàirt a ghabhail anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig bheothail, làidir againn air àrainn na Colaiste. Chan eil seo daonnan furasta, ach ma tha an dùbhlán seo tarraingeach dhuibh, bu toil leinn bruidhinn ribh!

What is Gàidhlig is Conaltradh?

Gàidhlig is Conaltradh is an **intensive, immersion course** that serves as the first year of our degree programs for fluent Gaelic speakers.

Students from Gàidhlig is Conaltradh go on to complete degrees at the College in teaching, traditional music, Gaelic language and culture or development. After Gàidhlig is Conaltradh, students may also apply for a place on our media course, or if they already have an appropriate university degree, on our PGDE course.

In addition to our degree students, each year we have a number of students who take Gàidhlig is Conaltradh as a **stand-alone immersion course**, either before or after studying at another university, to improve their Gaelic.

The aim of this course is to prepare our students to undertake their university education through the medium of Gaelic and to help them raise their written and spoken Gaelic to the highest possible standard. Our students spend up to twenty hours a week in class working on all aspects of the language.

On this course, our students study Gaelic grammar in depth, read and discuss seven modern Gaelic novels as well as Gaelic short stories and works of poetry, read and discuss academic writing in Gaelic, deliver class presentations in Gaelic, take part in seminar-style discussions of Gaelic literature and culture, organise two Gaelic development projects in the College community, and write academic essays, short stories and songs in Gaelic.

But even more importantly, students on Gàidhlig is Conaltradh have the unique opportunity to **live their lives in Gaelic** and participate in our diverse and lively Gaelic-speaking community at the College. This isn't always easy, but if this challenge sounds exiting, we would like to speak to you!

